








# **Geàrr-chunntas: Molaidhea an Lèirmheis Neo- eisimeilich air Tursan- sgrùdaidh, Sgrùdadh agus Riaghladh Cùrain Shòisealt ann an Alba: Molaidhean**



	<b>Geàrr-chunntas</b>	<b>3</b>
	<b>Teàma 1 - Dòigh-obrach a tha stèidhichte air an duine</b>	<b>4</b>
	<b>Teàma 2 - dè dh'fheumas a bhith air a sgrùdadh agus a riaghaladh?</b>	<b>5</b>
	<b>Tèama 3 - Ciamar a bu chòir tursan-sgrùdaidh, sgrùdadh agus riaghaladh a dhèanamh?</b>	<b>6</b>
	<b>Tèama 4 - ciamar a bhios fhios againn gu bheil siostaman ag obair?</b>	<b>8</b>
	<b>Tèama 5 - ciamar a bheir siostaman tursan-sgrùdaidh, sgrùdaidh agus riaghlaidh taic dhan luchd-obrach?</b>	<b>9</b>

San t-Sultain 2022 dh'ainmich Riaghaltas na h-Alba Lèirmheas Neo-eisimeileach air Tursan-sgrùdaidh, Sgrùdadh agus Riaghladh cùraim shòisealta an Alba (*Independent Review of Inspection, Scrutiny and Regulation - IRISR*). Chaidh an Dame Sue Bruce a chur an dreuchd mar Chathraiche an IRISR le Mgr Stiùbhart Currie na Iar-chathraiche.

Cha deach barailean sam bith a dhèanamh ro làimh mu na lorgadh an Lèirmheas no mu na cho-dhùnadh e, ach chaidh aithneachadh gu bheil an siostam làithreach airson tursan-sgrùdaidh, sgrùdaidh agus riaghlaidh air a bhith an gnìomh fad fichead bliadhna. Tha mòran atharrachaidhean ioncramaideach air a bhith ann an saoghal a' chùraim shòisealta san àm sin, ann an obair com-pàirteachais, ann an cuideaman air an t-siostam agus, gu cudromach, ann a bhith ag aithneachadh cho cudromach 's a tha beachdan agus dùilean an fheadhainn a tha a' faighinn sheirbheisean taic cùraim shòisealta.

Anns na bliadhnaichean mu dheireadh, tha grunn lèirmheasan air comharrachadh gu bheil feum air atharrachadh thairis air saoghal a' chùram shòisealta agus na taic nas fharsainge. Tha an Lèirmheas seo air tarraing air agus air togail air an obair seo a rinneadh roimhe agus air na fhuair iad a-mach. Tha a h-uile duine a bha an sàs san Lèirmheas seo air a bhith soilleir gur e seo t-àm airson gnìomh a ghabhail, leis an Lèirmheas seo agus iomadh lèirmheas a rinneadh roimhe a' toirt seachad an dà chuid fianais agus molaidhean gus taic a chumail ri gnìomhachd.

Bha a bhith ag èisteachd ri beachdan agus ris na dh'fhiosraich gach neach, a' gabhail a-steach guthan nach cluinnear gu leòr, air leth cudromach san Lèirmheas seo. Bha e cudromach gun robh molaidhean an Lèirmheas air am fiosrachadh le bhith ag èisteachd ri agus ag ionnsachadh bho dhaoine, gu sònraichte an fheadhainn a tha ag obair agus a' cleachdadh seirbheisean taic cùraim shòisealta a bharrachd air seirbheisean co-cheangailte eile leithid taic taigheadais, seirbheisean dhaibhsan a tha fo bhuaidh dhrogaichean/deoch làidir agus slàinte coimhearsnachd.

Chaidh taic a chumail ri obair an Lèirmheis le dà phannal comhairleachaidh, am Pannal Lèirmheis Neo-eisimeileach agus Pannal an Luchd-cleachdaidh. Bha an dà phannal a' gabhail a-steach daoine le eòlas beatha, aig an àm seo no san àm a dh'fhalbh, agus thug iad seachad eòlas, stiùireadh agus taic le bhith a' dèanamh molaidhean an Lèirmheis.

A bharrachd air coinneamhan a' Phannail, chùm an Cathraiche agus an Iar-chathraiche còrr is 30 coinneamhan le eòlaichean cuspaireil proifeasanta thar na roinne, gus fiosrachadh a thoirt dhan Lèirmheas.

# Teàma 1 – Dòigh-obrach a tha stèidhichte air an duine

Gu bunaiteach, feumaidh sgrùdadh agus riaghladh taic cùraim shòisealta a bhith mu dhaoine. Bu chòir dhan dòigh anns a bheilear a' cur an gnìomh agus a' fiosrachadh tursan-sgrùdadh, sgrùdadh agus riaghladh dèanamh cinnteach nach ann a-mhàin gu bheilear a' toirt seachad cùram is taic shàbhailte agus àrd-inbhe, ach cuideachd gu bheilear a' dèiligeadh ri daoine le spèis, gu bheil iad an sàs ann an co-dhùnaidhean mu am beatha agus gu bheil làn fhiosrachadh aca mun taic ris am faod iad a bhith an dùil.

Chuala an Lèirmheas bho dhaoine a tha a' faighinn taic cùraim shòisealta, agus bhon fheadhainn a tha ag obair san roinn, gu bheil iad ag iarraidh siostam tursan-sgrùdaidh, sgrùdaidh agus riaghlaidh far a bheilear a' tuigsinn agus a' cumail suas còraichean dhaoine le eòlas beatha, aig an àm seo no san àm a dh'fhalbh, far a bheil dàimhean proifeasanta làidir air an cruthachadh, far a bheil pròiseasan com-pàirteachaidh brioghmhor agus in-ghabhalach ann agus far a bheil fiosrachadh soilleir agus ruigsinneach do na h-uile.

Is iad na molaidhean a chaidh a dhèanamh fon tèama seo:

1. Thathar a' moladh gum bi buidhnean sgrùdaidh agus riaghlaidh a' cleachdadh dòigh-obrach stèidhichte air còraichean daonna gu cunbhalach, a chuireas daoine aig cridhe a' phròiseis.
2. Thathar a' moladh gum bi earbsa, spèis, dàimhean, feallsanachd agus cultar air an cur aig cridhe tursan-sgrùdaidh, sgrùdadh agus riaghladh agus gum bu chòir seo a bhith follaiseach ann an aithisgean.
3. Thathar a' moladh gum feum buidhnean sgrùdaidh agus riaghlaidh mìneachadh gu soilleir mar a tha iad air cultar de fhosgailteachd agus earbsa a chruthachadh is a stiùireadh anns an aithisg bhliadhnail aca.
4. Thathar a' moladh gum dèan buidhnean sgrùdaidh agus riaghlaidh ullachadh iomchaidh gus daoine le eòlas beatha, aig an àm seo agus san àm a dh'fhalbh, gus com-pàirteachadh a dhèanamh le daoine ann a bhith a' co-dhealbadh innealan conaltraidh agus a' cruthachadh frèaman sgrùdaidh is riaghlaidh.
5. Thathar a' moladh gum tèid siostam neartaichte a chur an sàs gus am bi àite **foirmeil** aig daoine bho thaobh a-muigh a' phroifeisein mar luchd-sgrùdaidh anns a' phròiseas tursan-sgrùdaidh, sgrùdaidh agus riaghlaidh, a' gabhail a-steach daoine òga a tha no a bha ann an cùraim. Bu chòir ìre iomchaidh de thuarastal a bhith ann.
6. Thathar a' moladh gum feum dòigh-obrach com-pàirteachaidh nam buidhnean sgrùdaidh a bhith sùbailte, in-ghabhalach agus iomchaidh. Tha seo a' gabhail a-steach ùine gu leòr a bhith ann gus an tèid freagairtean a chur a-steach agus gus ullachadh iomchaidh a dhèanamh airson còmhraidhean a chumail le daoine fa leth, le buill teaghlaich agus le luchd-obrach, a' dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh cunbhalach agus so-ruigsinneach ri fhaighinn.
7. Thathar a' moladh gum bi tagradh neo-eisimeileach ri fhaighinn gus daoine a chuideachadh le bhith a' cur an cuid còraichean an sàs, agus nuair a bhios feum air, gus taic a thoirt do dhaoine gus dèiligeadh ri gearanan agus pròiseasan àrdachaidh sam bith.

## Teàma 2 - dè dh'fheumas a bhith air a sgrùdadh agus a riaghaladh?

Tha sgrùdadh agus riaghladh nan eileamaidean riatanach de bhith a' toirt dìon agus sàbhailteachd dhaibhsan a tha a' cleachdadh seirbheisean taic cùraim shòisealta. Tha e na dhòigh air dearbhadh do theaghlachan, caraidean agus do luchd-cùraim gun phàigheadh gu bheil an neach-gaoil aca a' faighinn deagh sheirbheisean, agus tha e a' toirt fianais dhaibhsan a tha a' coimiseanadh agus a' lìbhrigeadh cùram.

Chomharraich fianais a chaidh a thoirt dhan Lèirmheas raon de sheirbheisean nach eil a' tighinn fo thursan-sgrùdaidh, sgrùdadh agus riaghladh aig an àm seo. Chuala e cuideachd gu bheil beàrnann ann le riaghladh cuid de bhuidhnean luchd-obrach a tha ag obair ann an seirbheisean taic cùraim shòisealta.

Is iad na molaidhean a chaidh a dhèanamh fon tèama seo:

8. Thathar a' moladh gun tèid sgeama clàraidh sònraichte a cho-chruthachadh airson Luchd-cuideachaidh Pearsanta a bhios ag aithneachadh an sgilean agus nan dleastanasan aca, agus a dh'fhosglas cothrom air trèanadh is leasachadh. Bhiodh sgeama mar seo **gu follaiseach** a' feuchainn gun a bhith a' cruthachadh chnapan-starra, agus tro cho-riochdachadh, chruthaich e cothroman matha an dà chuid dhan Neach-taic Phearsanta agus dhan fhastaiche aca.
9. Thathar a' moladh gum bu chòir riatanas uile-choitcheann a bhith ann a bhith a' clàradh le buidheann riaghlaidh airson a h-uile neach-obrach ann an taic cùraim shòisealta a tha iomchaidh dhan dreuchd agus dhan t-suidheachadh aca, agus gum bu chòir seo a bhith na chumha airson a dhol a-steach do sgioba-obrach a' chùraim shòisealta.
10. Thathar a' moladh gum bu chòir tursan-sgrùdaidh, sgrùdadh agus riaghladh a leudachadh gu raointean nach eil nam pàirt den t-siostam làithreach, a' gabhail a-steach buidhnean a tha a' solarachadh luchd-taic cùram sòisealta, gus cuideachadh le bhith a' stiùireadh leasachadh leantainneach agus a bhith a' lìbhrigeadh builean nas fheàrr.
11. Thathar a' moladh gum bu chòir ceanglaichean nas treasa eadar buidhnean riaghlaidh thar gach raon taobh a-staigh agus taobh a-muigh chrìochan na h-Alba a bhith air a stèidheachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil riaghladh, follaiseachd agus cunntachalachd nas fheàrr do sholaraidhean seirbheisean taic cùraim shòisealta.
12. Thathar a' moladh gun tèid sgrùdadh agus beachdachadh air a' chleachdadh as fheàrr bhon chruth-tìre riaghlaidh aig nàiseanan eile le sùil a bhith a' cur ri ri follaiseachd agus cunntachalachd, gu h-àraidh a thaobh ceangal cunntachail, ainmichte a bhith ann ri clàradh, tursan-sgrùdadh, agus luchd-obrach ionadail.
13. Thathar a' moladh gun tèid Riaghailtean Cùram Sòisealta agus Leasachadh Obair Shòisealta na h-Alba (Riatanasan airson Seirbheisean Cùraim) 2011 ath-sgrùdadh gus dèanamh cinnteach gum bi na h-ullachaidhean a thaobh daoine iomchaidh is ceart a' buntainn ri seirbheisean taic cùram sòisealta na h-Alba gu cunbhalach, gu èifeachdach agus gu farsaing.
14. Thathar a' moladh gun dèan Ministearan na h-Alba ullachadh iomchaidh airson a bhith a' cumail sùil air a' mhargaidh agus airson seasmhachd ann an roinn a' chùram-shòisealta.
15. Thathar a' moladh gun tèid an liosta de sheòrsaichean seirbheis cùraim agus seata de mhìneachaidhean co-fhreagrach, mar a tha iad air am mìneachadh ann am Pàipear-taice 12 de dh'Achd Ath-leasachadh Seirbheisean Poblach (Alba) 2010, a mheasadh a thaobh ion-fhreagarrachd.

# Tèama 3 - Ciamar a bu chòirtursan-sgrùdaidh, sgrùdadh agus riaghaladh a dhèanamh?

Chuala an Lèirmheas gu cunbhalach gu bheil feum air siostam tursan-sgrùdaidh, sgrùdaidh agus riaghlaidh nas sìmplidhe gus dùblachadh a lùghdachadh, gus cur ri cunbhalachd, gus a bhith a' gabhail a-steach a h-uile seirbheis, agus gus taic a thoirt do libhrigeadh sheirbheisean àrd-inbhe. Faodaidh tursan-sgrùdaidh agus sgrùdadh a bhith nam meadhan air leasachadh agus tha e air aithneachadh gu farsaing le solaraidhean, coimiseanairean agus riaghladairean gu bheil e deatamach gus seirbheisean taic slàinte is cùraim shòisealta coimhearsnachd a tha sàbhailte, sùbailte agus èifeachdach a libhrigeadh.

Is iad seo na molaidhean a chaidh a dhèanamh fon tèama seo:

16. Thathar a' moladh gum bi pròiseasan tursan-sgrùdaidh, sgrùdaidh agus riaghlaidh a' toirt barrachd aire do mar a dh'fhiosraich gach neach fa leth libhrigeadh sheirbheisesan agus air an t-slighe cùraim iomlan aca gus a bhith a' tuigsinn, a' leantainn agus a' luachadh mar a bha taic chùram shòisealta dhan neach thar ùine agus na buaidh aig sin.
17. Thathar a' moladh gum bi fiosrachadh soilleir agus ruigsinneach ann mu na buidhnean-gnìomha agus mu an dreuchdan, dleastanasan agus cunntalachdan air a sholarachadh dhaibhsan uile aig a bheil feum air seirbheisean taic cùraim shòisealta.
18. Thathar a' moladh gun obraich Riaghaltas na h-Alba leis an luchd-riaghlaidh gus dreuchdan agus dleastanasan nan diofar bhuidhnean a shoilleireachadh gus gnìomhachd tursan-sgrùdaidh a sgioblachadh, gus cur às do dh'ath-sgrùdaidhean le diofar bhuidhnean agus gus dùblachadh agus dearmad a lùghdachadh. Bu chòir seo a bhith a' gabhail a-steach ath-sgrùdadh air mar a nithear co-sgrùdaidhean an-dràsta, a' brosnachadh barrachd obair com-pàirteachais agus co-sgrùdaidhean, agus barrachd com-pàirteachadh bho dhaoine a tha a' faighinn taic cùraim shòisealta ann an tursan-sgrùdaidh, sgrùdadh agus riaghladh.
19. Thathar a' moladh gum bu chòir do luchd-sgrùdaidh agus luchd-riaghlaidh cuideam co-ionann a chur air comharrachadh deagh chleachdadh, ùr-ghnàthachadh agus leasachadh thar na roinne fhad 's a tha iad a' coileanadh an dleastanas reachdail gus easbaidhean ann an leasachadh a chomharrachadh.
20. Thathar a' moladh gum bi cuideam air toraidhean agus leasachadh leantainneach na phrìomh amas ann an sgrùdadh agus riaghladh.
21. Thathar a' moladh gum bi Riaghaltas na h-Alba ag ùrachadh agus a' soilleireachadh na tha iad an dùil a thaobh an Fhrèam Coileanaidh Nàiseanta (NPF) a thaobh buidhnean libhrigidh le maoineachadh poblach, gu sònraichte a thaobh builean airson seirbheisean taic cùraim shòisealta.
22. Thathar a' moladh gum bu chòir dleastanas a bhith air an riaghladair/neach-sgrùdaidh a bhith ag obair nas dlùithe leis an t-solaraidhe air a bhith ag aontachadh planaichean gnìomh agus clàran-ama airson molaidhean leasachaidh leantainneach a bharrachd air riatanasan riaghlaidh agus brathan leasachaidh.

23. Thathar a' moladh gum bu chòir do Mhinistearan na h-Alba ath-sgrùdadh a dhèanamh air reachdas gus dèanamh cinnteach gu bheil cumhachdan co-èigneachaidh iomchaidh aig buidhnean riaghlaidh.
24. Thathar a' moladh gum bu chòir ath-sgrùdadh a dhèanamh air dleastanas fèin-aithris gus dèanamh cinnteach gu bheil fèin-aithris ceangailte gu dlùth ri leasachadh leantainneach, agus aig an aon àm a' dèanamh cinnteach gu bheil cumhachdan iomchaidh aig na buidhnean riaghlaidh nuair a tha trioblaidean air an comharrachadh.
25. Thathar a' moladh gum bi fiosrachadh poblach soilleir agus ruigsinneach ann mu mar a thogar dragh agus mu shiostaman gearain. Bu chòir na siostaman gearain sin a bhith furasta an cleachdadh, bu chòir fiosrachadh a bhith ann mu dhòighean gus gearainean adhartachadh le builean soilleir a dh'fhaodadh a bhith a' toirt a-steach ath-dhioladh do dhaoine.
26. Thathar a' moladh gum bu chòir do Riaghaltas na h-Alba ullachadh a dhèanamh gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' cumail sùil iomchaidh air solar riaghlaidh taic cùraim shòisealta agus gum bu chòir dhaibh beachdachadh am bu chòir rèiteachaidhean fa-leth a chur an sàs airson Alba, a thaobh seo.

# Tèama 4 - ciamar a bhios fhios againn gu bheil siostaman ag obair?

Nuair a dh'fheumas daoine agus an teaghlaichean taic cùraim shòisealta fhaighinn, gu h-àraidh airson a' chiad uair, faodaidh e a bhith na rud a dh'atharraicheas beatha dhaoine, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt dhaoine agus cleachdaidhean ùra a-steach do bheatha neach. Tha seo gu tric a' ciallachadh gum feumar tòrr fiosrachaidh a thuigsinn gus co-dhùnaidhean fhiosrachadh mu dè a b' fheàrr a dh'obraicheadh dhan neach agus dhan teaghlach aca. Bidh e cuideachd gu tric a' ciallachadh gum feumar mòran earbsa a chur ann an seirbheisean, proifeiseantaich agus luchd-riaghlaidh. Do chuid, 's e àm làn iomagain a th' ann ach do chuid eile, tha e a' toirt misneachd agus chothroman ùra dhaibh.

Mar phàirt den Lèirmheas, bha e cudromach sgrùdadh a dhèanamh air mar a tha fios againn gu bheil siostaman ag obair le bhith a' bruidhinn ri daoine mu chùisean co-cheangailte ri co-dhùnaidhean fiosraichte, teicneòlasan didseatach, cruinneachadh dàta agus a' cumail taic ri deagh chleachdadh.

Is iad seo na molaidhean a chaidh a dhèanamh fon tèama seo:

27. Thathar a' moladh gum bu chòir ceumannan càileachdail a bhith air an co-dhealbhadh leis na buidhnean riaghlaidh agus daoine le eòlas beatha aig an àm seo agus 's an àm a dh'fhalbh, gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' gabhail a-steach eileamaidean de sheirbheisean a tha cudromach do dhaoine.
28. Thathas a' moladh gun tèid co-roinn dàta a sgrùdadh, agus gum faigh na daoine a tha aig cridhe a' phròiseis cothrom air an dàta aca fhèin ann an cruthan a ghabhas tuigsinn gus taic a thoirt do cho-dhùnaidhean agus com-pàirteachadh air seo. Bu chòir an dàta seo a chleachdadh cuideachd airson planadh agus leasachadh seirbheis, an dà chuid gu ro-innleachdail agus gu gnìomhach.
29. Thathar a' moladh gun tèid dàta a chleachdadh airson planadh cùram shòisealta agus airson daoine fa leth, agus gum bi cothrom aig an luchd-tagraidh air seo gus na roghainnean aca fhiosrachadh.
30. Thathar a' moladh gun tèid an seòrsa dàta a thèid a chruinneachadh, agus an t-adhbhar airson a bhith ga chruinneachadh, ath-sgrùdadh gus dèanamh cinnteach gu bheil an dàta air a chruinneachadh airson nan adhbharan ceart, le fòcas air dàta a tha a' toirt taic do riaghladh coileanaidh agus leasachadh seirbheis.
31. Thathar a' moladh gun tèid dòigh-obrach nas freagarraiche agus nas co-theacsichte a chruthachadh a thaobh mar a bhios GDPR air a chleachdadh agus air a mhìneachadh taobh a-staigh a' chruth-tìre riaghlaidh. Thathar cuideachd a' moladh buidheann Riaghladh Fiosrachaidh a stèidheachadh gus taic a chumail ri cleachdadh fiosrachaidh ann an dòigh èifeachdach agus cheart agus gum bi com-pàirteachadh ann le eòlaichean Riaghladh Fiosrachaidh.
32. Thathar a' moladh gun cuirear 'dleastanas co-obrachaidh' air solaraichean seirbheis gus dàta a cho-roinn gu h-iomchaidh agus mar an ceudna air buidhnean riaghlaidh gus a bhith ag obair còmhla gus dùblachadh nan iarrtasan fiosrachaidh a sheachnadh.
33. Thathas a' moladh gun tèid ath-sgrùdadh a dhèanamh air na h-Inbhean Slàinte is Cùraim Shòisealta gus dèanamh cinnteach gu bheil iad stèidhichte air còraichean daonna, coimiseanadh beusach agus gu bheil fòcas aca air builean. Bu chòir do na h-Inbhean a bhith nam bunait air am bi seirbheisean taic cùraim shòisealta air an sgrùdadh, air an riaghladh agus air an tèid tursan-sgrùdaidh a dhèanamh.



## Tèama 5 – ciamar a bheir siostaman tursan-sgrùdaidh, sgrùdaidh agus riaghlaidh taic dhan luchd-obrach?

Is e fear de phrìomh amasan an lèirmheis seo molaidhean a chomharrachadh agus a mhìneachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil sgrùdadh agus riaghladh ag obair gus an siostam a dhèanamh nas fheàrr dhan a h-uile duine, a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha ag obair gus taic cùram shòisealta a lìbhrigeadh. Bha an Lèirmheas gu mòr airson beachdan a thuigsinn air mar a dh'fhaodadh siostaman taice agus rèiteachaidhean làithreach airson an luchd-obrach a bhith air an leasachadh, air an togail air agus air an neartachadh barrachd, a chùim leas a h-uile duine.

Is iad na molaidhean a chaidh a dhèanamh fon tèama seo:

34. Thathar a' moladh gun dèan Ministearan na h-Alba ath-sgrùdadh air na cumhachdan eadar-theachd agus co-èigheachaidh a tha ann an-dràsta, far nach eil solaraichean a' coileanadh dhleastanasan clàraidh luchd-obrach no far nach lean iad na còdan giùlain, agus gum bu chòir beachdachadh air càite am bu chòir cumhachdan co-èigheachaidh a bhith stèidhichte.
35. Thathar a' moladh gun dèan luchd-riaghlaidh agus solaraichean sgrùdadh air dòighean anns am faod an luchd-obrach pàirt nas gnìomhache a ghabhail sa phròiseas sgrùdaidh, air stèidh earbsa agus spèis do chàch a chèile.
36. Thathar a' moladh gum bi Ministearan na h-Alba a' co-thaobhadh luchd-obrach cùram shòisealta ann am modail ciallach, stèidhichte air obair chothromach, gus taic a thoirt do sheasmhachd an luchd-obrach agus gus cuideachadh le bhith a' cur air adhart leasachadh leantainneach.
37. Thathar a' moladh gum bu chòir do Mhinistearan na h-Alba ath-sgrùdadh a dhèanamh air ìomchaidheachd, càileachd agus ruigsinneachd ghoireasan airson trèanadh, leasachadh agus airson piseach a thoirt air cùisean.
38. Thathar a' moladh gun tèid ceumannan a ghabhail gus dèanamh cinnteach gun tèid teisteanasan a tha aithnichte gu nàiseanta a chruthachadh airson nan sgilean a dh'fheumar airson a bhith ag obair ann an roinn a' chùram shòisealta agus gun gabh an cleachdadh tro roinn a' chùram shòisealta air fad.